

# LUNNAINN NAN GÀIDHEAL

## Gaelic London

TACHARTASAN GÀIDHLIG AN  
LUNNAINN  
ANNS NA SEACHDAINEAN  
A THA A' TIGHINN  
(An t-Sultain 2009)

GAELIC EVENTS IN  
LONDON  
IN THE COMING WEEKS  
(September 2009)

### AN t-SULTAIN (no "A' bhean-sìth anns a' ghàrradh")

Uill, a chàirdean, mar a chanas iad anns a' Bheurla, an deaghaidh na fèatha thig a' ghailleann. Agus, an deaghaidh na fèatha a bh'againn anns an Lùnasdal, tha saoghal nan Gàidheal an Lunnainn a' **tilleadh chun na beatha** anns an t-Sultain mar a's àbhaist – agus clàr-ghnìomhachdan aige a bhios 'gar cumail trang a-steach a's t-fhoghar, ge b'e an t-side a th'ann!

Airson mo chodach-sa, ghabh mi an cothrom air an t-sìothchaint a bh'ann thar nan seachdain seo 'chaidh airson feuchainn ri rud no 'dhà a chur an òrdugh anns a' ghàrradh. Ged-tà, aig deireadh an t-sàmhraidh, 's fheudar dhomh aideachadh gu'n d'rinn e an gnothach orm ann an raon no 'dhà – agus 's e **dìth daonnanach lusam nam ban-sìth air a' ghàrradh** am fear a's mó a th'ann! Ach có às a thàinig an spéis seo do lus nam ban-sìth? Uill, am measg nan lusam air a' Ghàidhealtachd air fad, 's e sin am fear a's fheàrr leam, gur e "**àrd-rìgh nan coilltean**" ann an Albainn aig deireadh an earraich is fìor-thòiseach an t-sàmhraidh.

Ach, a dh'aindeoin a' mheas a th'agam air fear de ar lusam dùthchasach, tha sin uile gun bhuannachd. 'S eadh, ann mo mhian a bhith ag ath-chruthachadh **ceàrnaig de'n Ghàidhealtachd ann an gàrradh beag Lunnainneach**, feuchaidh mi gach

Well, friends, as they say in English, after the calm, the storm. And, after the lull that we had in August, the Gaelic scene in London **comes back to life** in September as usual – with a programme of activities to keep us busy into the autumn, whatever the weather!

As for myself, I've taken advantage of the peace and quiet over these last few weeks to try to organise a few things in the garden. However, at the end of the summer, I have to admit defeat in a few areas - of which the biggest is the **continual lack of foxgloves from the garden!** But whence this affection for foxgloves - or *lus nam ban-sìth* (the fairy-women's plant) as it is known in Gaelic? Well, amongst all the plants of the Highlands, that's the one I like best, the "**monarch of the woods**" in Scotland at the end of spring and right at the start of summer.

But, despite my esteem for one of our indigenous plants, this is all to no avail. Yes, in my desire to recreate a **little corner of the Highlands in a small London garden**, I try every year to cultivate this plant and every year with the same result: failure! Therefore, you

## LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 09/2009

bliadhna ri an lus seo 'àiteachadh, agus gach bhliadhna chan fhaigh mi ach an aon toradh: an fhàillinn! Mar sin, 's urrainn duibh mo dhealbhadh 's mi 'nam éiginn (is mo mhoit air a leònadh) a bhith a' faicinn dìreach dé cho **furasda lionmhor** a bhios iad a' fàs ann an gàrraidhean mo chàirdean 'nuair a bhios mi air chuairt suas ann an Albainn! Chan ann mar nach déan mi mo dhìcheall! Bidh mi a' gabhail comhairle ... a' cur sil ... a' cumail sùl' orra ... agus, 'nuair nach oibrich sin, bidh mi a' falbh do'n mhargadh-ghàrraidh a's fhaisg' air làimh a cheannach lusan ùr-nodha! Ach, cha "ghabh" iad.

'S eadh, ged a chì mi an lus seo agus e a' fàs gu sona leis fhéin ann am pàircean is coilltean **air feadh Eileanan na Breatainne**, diùltaidh e air dhòigh air chor-eigin freumh a chur sìos - ann mo ghàrradh-sa, co-dhiùbh! Mar a bu chiall do'n ainm "shìtheil" a th'air ann an Gàidhlig, ged-tà, 's dòcha gu'm feum mi a chur fo gheasaibh! A thaobh seo, fhuair mi sòlus àraidh an latha roimh agus mi a' tachairt ri briathar ann am faclair Dwelly air an robh mi aineolach gu ruige seo, agus 's e sin "**sithean-às-nach-cinn**". A-réir choltais, 's e facal a bhiodh – agus 's dòcha gu'm bheil fhathast – air a chleachdadh ann an **Colbhasa** air lus nam ban-sith agus e anns a' chiad bhliadhna de 'fhàs. Agus abair nach iomchaidh am facal e! 'S eadh, mar a's fhiosrach leis gach uile gàirnealair (agus leam-sa a-nis!), an lus òg, chan eil ann ach cnapan suarach às nach tig sìon sam bith roimh'n dàrna bliadhna. Mar sin, **foighidinn, a chàirdean, foighidinn!**

Ri linn seo, thig briathar eile (air a gabhail an turus seo air iasad o shanas-reic aig ar comh-oghan an Éirinn) gu cuimhne: "**Thig na rudan maithe do'n fhear a bhios**

can imagine my distress (and wounded pride) at seeing just how **easily and abundantly** they grow in friends' and relatives' gardens when I'm up visiting in Scotland! It's not as if I don't try! I take advice ... plant seeds ... keep an eye on them ... and, when that doesn't work, go off to the nearest garden centre and buy brand new plants! But they never "take".

Yes, even though I see this plant happily growing away by itself in parks and woods **all over the British Isles**, it refuses somehow to put down roots - in my garden, at any rate! As its "fairy-like" name in Gaelic might suggest, however, perhaps I need to put a spell on it! In this regard, I derived a certain comfort the other day there when I came across a phrase in Dwelly's dictionary that had hitherto been unknown to me, namely "**sithean-às-nach-cinn**" (the fairy-knoll from which nothing grows). Apparently, it is a word that was – and perhaps still is – used on **Colonsay** for a foxglove in the first year of growth. And what an appropriate word! Yes, as every gardener knows (and as I now know!), the young plant is nothing but a miserable little lump from which nothing comes before the second year. So, **patience, my friends, patience!**

In this respect, another phrase (this time borrowed from an advert by our Irish cousins) comes to mind: "**Good things come to those who wait**". So, perhaps I should put my feet up,

## LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 09/2009

*foighidneach*". Mar sin, 's dòcha gu'm bu chòir dhomh mo sgitheas a leigeil, **pinnt de'n "stuth dhubh" a dhòirt dhomh** is féitheamh gu foighidneach ri ... fàillinn na h-ath-bhliadhna!

Gus an ath thurus ...

**pour myself a pint of the "black stuff"** and patiently wait for ... next year's failure!

Until next time ...

### LEIS NA DÙRACHDAN MAR A'S ÀBHAIST

#### EÒGHANN P.

PS/ Ma bhios sibh a' cur air dòigh thachartasan sam bith a bhios comh-cheangailte ri Gàidhlig no ris a' chultar Ghàidhealach an Lunnainn no an Ceann an Earra-dheas Shasainn 'san àm ri teachd, cuiribh fios chugam mu'n deidhinn!

PS/ If you are organising any future events relating to Gaelic or to Highland culture in London or the South-East of England, let me know about them!

Sgrìobhaibh chugam air / Write to me on: [eoghannp@hotmail.com](mailto:eoghannp@hotmail.com)

#### FÉIS LUNNAINN

**O Dhi-hAoine,  
11d Sultain 2009  
gu Là na Sàbaid,  
13mh Sultain 2009**

Ann an **Colaisde Froebel**, Roehampton Lane, Roehampton, Lunnainn SW15 5PJ (*an stéisean BR a's tine air làimh: Barnes + bus 72 no 265*).

Mar a's fhiosrach le móran againn mu thràth, bidh **Féis Lunnainn** - té de na h-àrd-phuingean ann am miosachan culturail nan Gàidheal an-seo - a' tachairt a-ris am-bliadhna, agus 'na h-àite àbhaisteach: an oighreachd bhòidheach mu **Cholaisde Froebel** 'san taobh iar-dheas de'n bhaile.

#### FÉIS LUNNAINN

**From Friday,  
11th September 2009  
to Sunday,  
13th September 2009**

At **Froebel College**, Roehampton Lane, Roehampton, London SW15 5PJ (*nearest BR station: Barnes + bus 72 or 265*).

As many of us are already aware, **Féis Lunnainn** - one of the **highlights** in the Gaelic cultural calendar here - will be taking place again this year, and in its usual location: the beautiful grounds of **Froebel College** in the south-west of the city.

## LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 09/2009

Mar phàirt de **ghluasad nam Féis**, 's e amas a th'aig Féis Lunnainn a bhith a' brosnachadh nan ealdhain Ghàidhealach troimh ionnsachadh is chomh-phàirteachas, air dòigh a bhios 'ga dhéanamh cho so-ruigsinneach 's a ghabhas. Bidh òrdugh a' chinn-sheachdain a' gabhail a-steach na **seinn Gàidhealaich** 's na **fidhle** 's a' **bhogsa-chiùil** 's an **iol-dannsaidh**, le oidheachadh aig luchd-teagaisg aithnichte. Agus, gu nàdurrach, oir 's e **féis** th'ann, bidh an cothrom ann air spòrs is aotromachd gu leór cuideachd!

Bidh Féis na bliadhna seo a' tòiseachadh le clàradh nan comh-phàirtichean anns a' cholaisde fhéin aig 5:00f feasgar Aoine agus a' leantainn oirre gu feasgar na Sàbaid – a' gabhail a-steach oideachaidh, shéiseanan neo-fhoirmeil anns a' bhàr agus **céilidh follaisich oidhche Shathairne (7:30f-11:00f)** 'san eadar-ama.

*Pris:*

£195 / £175 ('lùghdachaidhean'), le àite-fuirich; no  
£150 / £130 ('lùghdachaidhean'),  
gun àite-fuirich.

Bidh a' phris air a' cheann-sheachdain a' gabhail a-steach an oideachaidh agus a' bhìdh.

*NB/ Airson tuille fiosrachaidh mu'n Fhéis (no foirm-iarrtais) 'fhaotainn, cuiribh fios **roimh làimh** gu [info@feislondon.org](mailto:info@feislondon.org), no cuiribh tadhal air an làraich-lìn (faicibh gu h-iseal).*

As part of the **Féis movement**, Féis Lunnainn aims to encourage the Gaelic arts through learning and participation, in a way that makes it as accessible as possible. The programme for the weekend includes **Gaelic singing, fiddle, accordion and dancing**, with tuition from recognised tutors. And, naturally, since it's a **féis**, there'll be plenty of opportunity for light-hearted fun too!

This year's Féis kicks off with registration of participants in the actual college at 5:00pm on the Friday evening and continues until Sunday afternoon – taking in tuition, informal sessions in the bar and a **public céilidh on the Saturday evening (7:30pm-11:00pm)** in the meantime.

*Price:*

£195 / £175 ('concessions'), with accommodation; or  
£150 / £130 ('concessions'), without accommodation.

The price for the weekend includes tuition and meals.

*NB/ To obtain more information about the Féis (or a request form), contact [info@feislondon.org](mailto:info@feislondon.org) **in advance**, or visit the website (see below).*

Làrach-lìn / Website: [www.feislondon.org](http://www.feislondon.org)

**LUNNAINN NAN GÀIDHEAL**  
**Gaelic London – 09/2009**

**SEACHDAIN**  
**AN IOL-DANNSAIDH**  
**ALBANNAICH**

**O Dhi-Sathairne,**  
**12ra Sultain 2009**  
**gu Di-Sathairne,**  
**19mh Sultain 2009**

Aig **Comunn Rìoghail an Iol-Dannsaidh Albannaich (RSCDS), Meur Lunnainn**, ann an iomadach àite.

Tha an **RSCDS a' togail bratach an iol-dannsaidh Albannaich** an Lunnainn air a' mhìos seo agus iad a' cur air dòigh seachdain làn de ghniomhachdan air feadh a' phrìomh-bhaile – taisbeanaidhean is céilidhean is "feasgar fosgailte" 'nam measg. Mur an do dh'fheuch sibh ris roimh seo, carson nach toir sibh oidhirp air?

*NB/ Airson tuille fiosrachaidh mu'n t-seachdain (no mu'n RSCDS gu coitcheann) 'fhaotainn, cuiribh fios gu [chairman@rscdslondon.org.uk](mailto:chairman@rscdslondon.org.uk), no cuiribh tadhal air an làraich-lìn (faicibh gu h-iseal).*

Làrach-lìn / Website: [www.rscdslondon.org.uk](http://www.rscdslondon.org.uk)

*PS/ Bidh buill RSCDS a' nochdadh aig céilidh oidhche Shathairne aig **Féis Lunnainn**: faicibh gu h-àrd.*

**AN T-SEIRBHIS**  
**GHÀIDHLIG**  
**RÀITHEIL**

**Là na Sàbaid,**  
**13mh Sultain 2009,**  
**aig 3:30f**

Ann an **Eaglais Cùirt a' Chrùin**, Sràid Russell, Covent Garden, WC2B 5EZ (Fon-talamh: Covent Garden, Charing Cross no Holborn).

**SCOTTISH**  
**COUNTRY DANCING**  
**WEEK**

**From Saturday,**  
**12th September 2009**  
**to Saturday,**  
**19th September 2009**

At the **Royal Scottish Country Dancing Society (RSCDS), London Branch**, various venues.

The **RSCDS is promoting Scottish country dancing** in London this month by organising a week of activities across the capital – including demonstrations, céilidhs and an "open evening". If you haven't tried it before, why not have a go?

*NB/ To obtain more information about the week (or the RSCDS in general), contact [chairman@rscdslondon.org.uk](mailto:chairman@rscdslondon.org.uk), or visit the website (see below).*

*PS/ RSCDS members will be appearing at the Saturday night céilidh at **Féis Lunnainn**: see above.*

**QUARTERLY**  
**Gaelic**  
**SERVICE**

**Sunday,**  
**13th September 2009,**  
**at 3:30pm**

In **Crown Court Church**, Russell Street, Covent Garden, WC2B 5EZ (Underground: Covent Garden, Charing Cross or Holborn).

## LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 09/2009

Seirbhis ann an Gàidhlig, leis an **Urr. Uilleam MacLeòid** á **Barbhas, Eilean Leódhais**: tha cuireadh aogheil air a thairgse do na h-uile a tha iarrtach air 'bhith an làthair ann. Le **srùbaig** ann an talla na h-eaglaise an deaghaidh làimh.

Service in Gaelic, with the **Rev. William MacLeod** of **Barvas, Isle of Lewis**: a warm invitation is extended to all who wish to attend. With a '**stroupach**' (cup of tea) in the church hall afterwards.

Làraichean-lìn / Websites:

[londongaelicsservices.org.uk](http://londongaelicsservices.org.uk) [www.crowncourtchurch.org.uk](http://www.crowncourtchurch.org.uk)

### CÉILIDH-DANNSA AIG HISL

**Di-Sathairne,  
26mh Sultain 2009  
o 7:30f gu 11:00f**

Aig **Comunn na Gàidhealtachd is nan Eilean an Lunnainn (HISL)**, ann an Talla nan Cuimreach (Welsh Centre), 157-163 Rathad Gray's Inn, Lunnainn, WC1X 8UE (*Fon-talamh: King's Cross, Russell Square no Chancery Lane*).

Tha clàr nan céilidh aig HISL a' tòiseachadh a-ris airson an fhoghair, le òrain Ghàidhealach o dhithis bhan-seinneadairean air am bi mòran againn an-seo an Lunnainn eòlach mu thràth - **Linn Phipps** agus **Sandaigh Jones** – agus dannsadh ri ceòl **Iain Robasdain is a chòmhlain**.

Bàr fo chead agus crannchur-ghill.

*Inntreas: £15; £12.50 (buill HISL agus 'lùghdachaidhean')*

Bidh na tiocaidean ri'm faotainn roimh làimh no 'aig an dorus'.

### CÉILIDH-DANCE AT HISL

**Saturday,  
26th September 2009  
from 7:30pm to 11:00pm**

At the **Highlands and Islands Society of London (HISL)**, in the Welsh Centre, 157-163 Gray's Inn Road, London, WC1X 8UE (*Underground: King's Cross, Russell Square or Chancery Lane*).

HISL's programme of céilidhs is starting up again for the autumn, with Gaelic songs from two singers already familiar to many of us here in London - **Linn Phipps** and **Sandy Jones** – and dancing to the music of **Ian Robertson and his band**.

Licensed bar and raffle.

*Admission: £15; £12.50 (HISL members and 'concessions')*

Tickets available in advance or 'on the door'.

Làrach-lìn / Website: [www.thehisl.co.uk](http://www.thehisl.co.uk)

LUNNAINN NAN GàIDHEAL  
Gaelic London – 09/2009

... AGUS SÙIL AIR ADHART AIR ...

... AND LOOKING AHEAD TO ...

CÉILIDH  
AGUS  
CLAS NAN ÒRAN  
AIG CGL

Di-Sathairne,  
3s Dàmhair 2009

Aig **Comunn Gàidhlig Lunnainn (CGL)**, talla Eaglais Cùirt a' Chrùin (ri taobh Taigh-cluiche Fortune), Sràid Russell, Covent Garden, WC2B 5EZ (*Fon-talamh: Covent Garden no Charing Cross*).

'S e **Dònaidh Murchadh MacLeòid** á Steòrnabhagh agus Obar Dheathain – fear de na **seinneadairean 'sean-nòs'** a's coimhlionta a th'ann – a bhios aig 'air aoigheachd' aig a' Chomunn.

Làrach-lìn / Website: [www.comunnlunnainn.co.uk](http://www.comunnlunnainn.co.uk)

JULIE FOWLIS –  
THA I AIR A RATHAD!

Di-Sathairne,  
10s Dàmhair 2009

Aig 7:30f (*fosgladh nan dorsan*)  
airson 8:30f (*tòiseach a' chiùil*)

Ann an **Ionad Culturail nan Éireannach**, oisinn Black's Road is King Street, Hammersmith, W6 9DT (*Fon-talamh: Hammersmith*).

Tha i air a rathad gu dearbh – té de na **ban-seinneadairean Gàidhealach a's fheàrr leinn!** An deaghaidh nan òran iongantach a ghabh i ann an Seapal an Aonaidh an

CÉILIDH  
AND  
SONG CLASS  
AT GSL

Saturday,  
3rd October 2009

At the **Gaelic Society of London (GSL)**, hall of Crown Court Church (next to the Fortune Theatre), Russell Street, Covent Garden, WC2B 5EZ (*Underground: Covent Garden or Charing Cross*).

**Donnie Murdo MacLeod** of Stornoway and Aberdeen – one of the most accomplished **traditional singers** around - will be the 'special guest' of the Society.

JULIE FOWLIS –  
SHE'S ON HER WAY!

Saturday,  
10 October 2009

At 7:30pm (*doors open*)  
for 8:30pm (*music starts*)

At the **Irish Cultural Centre**, corner of Black's Road and King Street, Hammersmith, W6 9DT (*Underground: Hammersmith*).

She's on her way indeed - one of our **favourite Gaelic female singers!** After her marvellous performance at the Union Chapel in Islington in February, we're **greatly looking**

**LUNNAINN NAN GÀIDHEAL**  
**Gaelic London – 09/2009**

Islington 'sa Ghearran, tha **fiughair mhór** oirnn ri tadhal-tillidh **Julie is a còmhlain** air Lunnainn – an turus seo air Hammersmith agus an lùib ri cur-a-mach a' chlàir ùir aice, **Uam**.

**forward** to the return visit of **Julie and her band** to London – this time to Hammersmith and combined with the launch of her new album, **Uam**.

Inntreas: £15; £12.00 ('lùgh-dachaidhean')

Admission: £15; £12.00 ('concessions').

Làraichean-lìn / Websites:

[www.myspace.com/juliefowlis](http://www.myspace.com/juliefowlis)

[www.juliefowlis.com](http://www.juliefowlis.com)

[www.irishculturalcentre.co.uk](http://www.irishculturalcentre.co.uk)

**'OIDHCHE EILEAN  
LEÓDHAIS IS NA  
HEARADH'  
AIG HISL**

**Di-Sathairne,  
28mh Samhain 2009**

**'LEWIS AND  
HARRIS  
EVENING'  
AT HISL**

**Saturday,  
28th November 2009**

Aig Comunn na Gàidhealtachd is nan Eilean an Lunnainn (HISL).

At the **Highlands and Islands Society of London (HISL)**.

Seo agaibh ceann-lath' eile do'r leabhar-latha: céilidh an urram **Là Fhéill Anndra** – agus blas **Eilean Leódhais 's na Hearadh** oirre!

Here's another date for your diary: a céilidh in honour of **St. Andrew's Day** – with a **Lewis and Harris** flavour!

Làrach-lìn / Website: [www.thehisl.co.uk](http://www.thehisl.co.uk)



LUNNAINN NAN GÀIDHEAL  
Gaelic London – 09/2009

... AGUS DÌREACH MAR 'CHOBHAIR-CHUIMHNE' ...

... AND JUST AS AN 'AIDE-MÉMOIRE' ...

**"CLUB NAN CÉILIDH"**

**Di-hAoine**

**11d Sultain 2009,  
18mh Sultain 2009  
agus  
25mh Sultain 2009  
Bho 7:15f (airson 8:00f)  
gu 11:00f**

Ann an **Taigh Cecil Sharp**,  
2 Regent's Park Road, Camden NW1  
7AY (*Fon-talamh: Camden Town*).

Tha an "sèasan" a' leantainn air a-  
steach anns an t-Sultain, ann am  
fear de na h-àiteachan-céilidh a's  
mó-chòrdt' an Lunnainn.

*Inntreas: £12.50; £6 (lùgh-  
dachaidhean – ri 'm faotainn 'aig an  
dorus' a-mhàin).*

*PS/ Ma bhios "earrann de dh'aodach  
breacanach nach bi beag-sheaghail"  
oirbh, théid a' phrìs a lùghdachadh  
air £1! ☺*

**Agus na 'regulars': cumaibh an cuimhne gu'm bi na tachartasan  
seo a' ruith fad na bliadhna!**

***And the 'regulars': don't forget that these events run  
throughout the year!***

**CÒISIR LUNNAINN**

A' chòisir Ghàidhlig an Lunnainn;  
coinneamh gach **Di-Màirt** ann an  
talla **Eaglais Cùirt a' Chrùin** (ri  
taobh Taigh-cluiche Fortune), Sràid  
Russell, Covent Garden, WC2B 5EZ  
aig **7.00f** (*Fon-talamh: Covent  
Garden, Charing Cross no Holborn*).

**"CÉILIDH CLUB"**

**Friday**

**11th September 2009,  
18th September 2009  
and  
25th September 2009  
From 7:15pm (for 8:00pm)  
to 11:00pm**

At **Cecil Sharp House**, 2 Regent's  
Park Road, Camden NW1 7AY  
(*Underground: Camden Town*).

The "season" continues on into  
September, in one of London's most  
popular ceilidh venues.

*Admission: £12.50; £6 (concessions  
– available 'on the door' only).*

*PS/ If you wear a "significant piece  
of tartan", the price is reduced by  
£1! ☺*

**CÒISIR LUNNAINN**

The **Gaelic choir in London**; meets  
every **Tuesday** in the hall of **Crown  
Court Church** (next to the Fortune  
Theatre), Russell Street Covent  
Garden, WC2B 5EZ at **7.00pm**  
(*Underground: Covent Garden,  
Charing Cross or Holborn*).

**LUNNAINN NAN GÀIDHEAL**  
**Gaelic London – 09/2009**

*PS/ Bidh a' Chòisir a' nochdadh aig céilidh oidhche Shathairne aig **Féis Lunnainn** cuideachd (faicibh gu h-àrd): **Di-Sathairne, 12ra Sultain 2009.***

*PS/ The Choir will be appearing at the Saturday night céilidh at **Féis Lunnainn** as well (see above): **Saturday, 12th September 2009.***

Làrach-lìn / Website: [www.coisirlunnainn.org.uk](http://www.coisirlunnainn.org.uk)

Post-d / E-mail: [coisirlunnainn@fmail.co.uk](mailto:coisirlunnainn@fmail.co.uk)

**CLASAICHEAN GÀIDHLIG**

Anns a' **CityLit**, 1-10 Sràid Keeley, Holborn, WC2B 4BA (*Fon-talamh: Holborn no Covent Garden*).

**Ìre 1:** gach **Di-Ciadaoin** aig **6.00f**

**Ìre 2:** gach **Di-Ciadaoin** aig **7:30f**

*NB/ Bidh na clasaichean a' tòiseachadh a-rithist Di-Ciadaoin, **16mh Sultain 2009.** Gheibhear tuille fiosrachaidh mu na clasaichean (agus mu'n CityLit gu coitcheann) air an làraich-lìn – faicibh gu h-iseal.*

**GAELIC CLASSES**

At the **CityLit**, 1-10 Keeley Street, Holborn, WC2B 4BA (*Underground: Holborn or Covent Garden*).

**Level 1:** every **Wednesday** at **6:00pm**

**Level 2:** every **Wednesday** at **7:30pm**

*NB/ Classes will be starting up again on Wednesday, **16th September 2009.** More information about the classes (and the CityLit in general) on the website – see below.*

Làrach-lìn / Website: [www.citylit.ac.uk](http://www.citylit.ac.uk)